

8 Màrt 2016

A Phàrant/Neach-cùraim uasail

Bun-sgoil agus Clas-àraich Bhogha Mhòir Comhairle Earra-Ghàidheal agus Bhòid

San Fhaoilleach 2015, dh'fhoillsich HM Luchd-sgrùdaidh na Banrigh litir mu sgoil an leanaihbh agaibh. O chionn ghoirid, mar a dh'fhaodadh gu bheil fios agaibh, thadhail sinn air an sgoil a-rithist. Rè ar turais, bhruidhinn sinn ris a' chloinn agus dh'obraich sinn gu dlùth leis a' cheannard agus an luchd-obrach. Chuala sinn bhon cheannard agus bhon luchd-obrach eile mun dòigh anns a bheil an sgoil a' cumail oirre a' leasachadh. Sheall sinn ri raointean sònraichte a chaidh an comharrachadh anns an sgrùdadh a chaidh a dhèanamh sa chiad dol a-mach agus ri feartan eile de dh'obair na sgoile, a rèir 's mar a chaidh a mholadh leis a' cheannard. Mar thoradh air sin, bha e comasach dhuinn faighinn a-mach dè cho math 's a tha a' chlann ag ionnsachadh agus a' coileanadh a-nis agus dè cho math 's a tha an sgoil a' leantainn oirre a' toirt taic dhaibh ann a bhith a' dèanamh cho math 's as urrainn dhaibh. Tha an litir seo a' cur an cèill na fhuair sinn a-mach.

Dè cho math 's a tha clann ag ionnsachadh agus a' coileanadh?

Tha an t-ionnsachadh a' leantainn air adhart a bhith a' còrdadh ris a' chloinn anns an dà chuid na clasaichean àraich agus ann an clasaichean na bun-sgoile. Tha a' mhòr chuid de chloinn a' nochdadh ìrean àrda de dh'ùidh agus a' dèiligeadh gu math ris na cothroman a tha aca a bhith a' stiùireadh an ionnsachaidh aca fhèin. Sna clasaichean sgoil-àraich an dà chuid a thaobh na Beurla agus na Gàidhlig, tha a' chlann socraichte agus tha deagh chàirdeasan aca leis an luchd-obrach. Tha clann a-nis a' dèanamh barrachd cho-dhùnaidhean mu far am bu toigh leotha a bhith a' cluich an dà chuid sna h-àrainnean ionnsachaidh a-staigh agus a-muigh. San dà chlas-àraich, tha a' chlann a' sìor fhàs nas neo-eisimeilich is iad ag ullachadh am peant agus an taois-chluich aca fhèin. Bithear a' cur comhairle ris a' chloinn mun ionnsachadh agus tha seo air a chlàradh anns na logaichean ionnsachaidh a tha air an ùr leasachadh agus tro bhith a' cleachdadh leabhraichean-làir. Aig ìrean na bun-sgoile, tha a' chlann an dà chuid ann am foghlam tro mheadhan na Beurla agus tro mheadhan na Gàidhlig modhail agus a' nochdadh spèis dha chèile sa chlas. Tha a' chlann a' cleachdadh an logaichean ionnsachaidh gus an cuideachadh a bhith a' meòrachadh air an ionnsachadh. Tha sinn air iarraidh air an luchd-obrach leantainn orra a' leasachadh tuigse na cloinne mun deidhinn fhèin mar luchd-ionnsachaidh gus am bi a' chlann nas soilleir mu na neartan aca agus mu na nithean a dh'fheumas iad a dhèanamh gus a thighinn air adhart. Tha Còisir Gàidhlig na sgoile air leth soirbheachail ann am farpaisean ionadail agus nàiseanta. Tha a' chlann a' leantainn orra a' dèiligeadh gu math ris na cothroman a tha aca a bhith a' gabhail orra fhèin

dreuchdan uallaich san sgoil. Cho-roinn buidheann de chloinn gu pròiseil mar a bha iad an sàs ann am planadh agus a bhith a' cur air dòigh pàrtaidh Nollaig agus pantomaim na sgoile. Dh'iarr sinn air an sgoil leantainn oirre a' meudachadh an seòrsa gnìomh a tha seo a tha a' toirt cothrom don chloinn a bhith a' stiùireadh leasachadh na sgoile.

Anns an dà chlas-àraich tha a' chlann ag èisteachd gu math agus a' còmhradh gu misneachail ri chèile, ri inbhich agus ri luchd-tadhail. San t-seòmar-cluiche, bidh an fheadhainn a tha ag ionnsachadh tro mheadhan na Beurla, a' sireadh inbhich ris an co-roinn iad leabhraichean. Tha e comasach dhan mhòr chuid den chloinn an leabhar as fheàrr leotha a chomharrachadh agus pàirtean den stòiridh ath-innse. Bidh iad a' dèanamh deagh fheum de leabhraichean reasabaidh gus na cèicean aca fhèin a dhèanamh. Bidh clann a-nis gu math tric a' sgrìobhadh mar phàirt den cluich. Air a' bhlàr a-muigh, bidh e a' còrdadh riutha a bhith a' dèanamh làraich a' cleachdadh chailcean. Sa chlas-àraich a thaobh na feadhainn a tha ag ionnsachadh tro mheadhan na Gàidhlig, tha a' chlann a' leantainn orra a' dèanamh deagh adhartas len tuigse de Ghàidhlig. Tha a' chlann as sine a' tòiseachadh a' cleachdadh facail Ghàidhlig nan conaltradh. Taobh a-staigh gnàth-chùrsa an latha leithid àm blasad-bìdh, bidh clann a' cleachdadh facail Ghàidhlig gu furasta. Tha sinn air iarraidh air an luchd-obrach a bhith ag eadar-obrachadh nas motha le cloinn an uair a bhios iad a' cluich, gus cuideachadh ann a bhith a' dèanamh tuilleadh leudachaidh air ionnsachadh na Gàidhlig ann an làn raon de shuidheachaidhean. Anns an dà chlas-àraich tha tuigse na cloinne air àireamhachd agus matamataig a' tighinn air adhart gu math. Tha tuilleadh eisimpleirean ann de chloinn a' cleachdadh àireamhan agus cànan matamataig mar phàirt den chluich. Thar ìrean na bun-sgoile, tha a' chlann a' leantainn orra a' dèanamh deagh adhartas ann an litearras, Beurla, Gàidhlig, àireamhachd agus matamataig. Tha clann a' dol an sàs gu math ann an conaltradhean ann am buidhnean, a' gabhail cothrom mu seach agus a' togail gu suimeil air beachdan an co-aoisean. Tha iad pròiseil de, agus a' dèanamh deagh fheum den leabharlann a chaidh a leasachadh às ùr. Tha a' chlann airidh air am moladh airson a bhith an sàs ann a bhith a' leasachadh a' ghoireis ùir seo. Aig na tràth ìrean, tha a' chlann a' nochdadh deagh thuigse air àireamh le bhith a' maidseadh àireamhan ri suimean agus a' cur àireamhan ann an òrdugh. Tha an luchd-obrach a' leasachadh am modhan-obrach a thaobh measaidh gus an cuideachadh dealbh nas fheàrr a bhith aca de dh'adhartas na cloinne. Tha sinn air iarraidh gun lean iad orra a' leasachadh mhodhan-obrach a thaobh a bhith a' tracadh agus a bhith a' sgrùdadh gus dèanamh cinnteach gum bi a' chlann air fad a' dèanamh adhartas iomchaidh.

Dè cho math 's a tha an sgoil a' toirt taic do chloinn a bhith a' leasachadh agus ag ionnsachadh?

Thar na sgoile, tha an luchd-obrach a' leantainn orra a' stèidheachadh àrainn shocair, àrachail airson na cloinne. Tha clann a tha a' cur feum air taic a bharrachd len ionnsachadh a' faighinn deagh thaic. Aig ìrean na bun-sgoile, tha an luchd-obrach air modhan-obrach ùra a thoirt a-steach gus dùbhlàn nas motha a thoirt don chloinn nan ionnsachadh. Tha tuilleadh cothrom ann gus a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil clann a tha a' coileanadh aig ìre nas àirde a' faighinn dùbhlàn iomchaidh len ionnsachadh. Aig a h-uile ìre, tha an luchd-obrach air a bhith a' leasachadh mar a tha iad ag ullachadh agus a' lìbhrigeadh a' churraicealaim.

Bidh an luchd-obrach a-nis a' planadh cothroman don chloinn a bhith a' ceangal an ionnsachaidh thar raointean a' churraicealaim le fòcas air litearras, leasachadh sgilean agus measadh. Tha am modh-obrach seo a' toirt cothrom don chloinn a bhith a' cur an eòlais agus an sgilean an cèill nas fheàrr ann an co-theacsaichean ùra. Tha co-theacsaichean nas iomchaidh agus nas inntinnich cuideachd a' toirt cothrom do chloinn ceangal nas fheàrr a dhèanamh ris an adhbhar a tha air cùl a bhith ag ionnsachadh. Mar eisimpleir, bha a' chlann a bu shine a' bruidhinn mu na sgilean agus na feartan a dh'fheumar airson nan dreuchdan a bha iad a' gabhail os làimh ann a bhith a' planadh agus ag ullachadh a' phantomaim. Tha a' chlann agus am pàrantan taingeil airson nan cothroman a tha nan àite a-nis airson clann a bhith a' nochdadh agus a' co-roinn an ionnsachaidh. Tha an luchd-obrach air taisbeanaidhean cuideachail a chruthachadh air feadh na sgoile a tha a' sealltainn ionnsachadh ann an dòigh thlachdmhor agus fhiosrachail. Tha e math a bhith a' faicinn gu bheil a-nis modh-obrach air a leasachadh a thaobh ionnsachadh thar na h-ìre thràth. Bidh an luchd-obrach gu riaghailteach a' planadh còmhla ri chèile agus tha cunbhalachd san dòigh anns am bi iad a' cleachdadh leabhraichean-làir gus clann a chur an sàs nan ionnsachadh, a bhith a' togail air an ionnsachadh a rinn iad a-cheana agus a bhith a' nochdadh adhartas. Tha a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig ann an clasaichean tro mheadhan na Beurla ag adhbharachadh gu bheil tuigse nas fheàrr aca air a' Ghàidhlig. Tha sinn ag aontachadh ris an luchd-obrach gum bu chòir dhaibh a-nis pròiseact làn-sgoile a bhith aca mu chànan agus cultar na Gàidhlig gus a bhith a' co-roinn agus a' comharrachadh an fheart shònraichte a tha seo de churraicealam Bun-sgoil Bhogha Mhòir. Dh'fhaodadh a' chlann a tha anns na clasaichean Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig làmh mhòr a bhith aca ann a bhith a' stiùireadh planadh a' phròiseict seo. Thar na sgoile, tha an luchd-obrach air grunnan cheuman dheimhinneach a ghabhail ann a bhith a' leasachadh a' churraicealaim. Tha comharran tràtha ann gu bheil iad sin a' tòiseachadh a' toirt buaidh dheimhinnich air adhartas na cloinne ach, tha cothrom mòr ann fhathast airson adhartas. Tha feum air ceannardas soilleir fhathast gus dèanamh cinnteach gu bheilear soilleir mu na nithean a tha clann ag ionnsachadh agus mar a tha seo a' fàs suas mar dhealbh rianail, adhartach de dh'ionnsachadh na cloinne agus a' leantainn air adhart suas gu Àrd-sgoil Ìle. Feumaidh luchd-obrach cuideachd a bhith a' dèanamh feum nas làidir agus nas cunbhalach de mhodhan-obrach a thaobh bogadh gus cuideachadh ann a bhith a' dèanamh tuilleadh leasachaidh air coileanaidhean chloinne ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig.

Dè cho math 's a tha an sgoil a' leasachadh càileachd a cuid obrach?

Chaidh ceannard an gnìomh a shuidheachadh san sgoil sa Ghearran. Tha i air obrachadh glè chruaidh gus leasachaidhean a thoirt air adhart san sgoil le bhith a' cruthachadh feallsanachd nas deimhinnich. Tha a' mhòr chuid de phàrantan a' moladh nan atharrachaidhean dheimhinnich a tha air tachairt on thòisich an ceannard an gnìomh san dreuchd. Tha i a' faighinn taic chomasach bhon phrìomh thidsear an gnìomh a tha air leth èifeachdach. Mar thidsear clas, tha am prìomh thidsear an gnìomh na fìor eisimpleir mhath don luchd-obrach. Tha an luchd-obrach a' leantainn air adhart ag obair gu cruaidh. Tha e math a bhith a' faicinn gu bheil an luchd-obrach air fad thar na sgoile a' co-roinn an t-aon dealas a thaobh a bhith a' leasachadh Bun-sgoil Bhogha Mhòir. Tha còir dha-riribh aca a bhith moiteil às na leasachaidhean a tha iad air a dhèanamh chun na h-ìre seo. Tha an luchd-obrach a' toirt deagh thaic do chach a chèile agus a' cur fàilte air cothroman a bhith ag

ionnsachadh bho chach a chèile. Tha iad a' faighinn buannachd bho bhith ag obair taobh ri taobh ri co-obraichean ann an sgoiltean ionadail. Tha beagan den luchd-obrach a' gabhail os làimh dreuchdan ceannardais sònraichte gus taobhan den sgoil a leasachadh. Is e raon a tha seo air am faoidte tuilleadh leudachaidh a dhèanamh. Tha sinn air iarraidh cuideachd gum faodadh clann dreuchd nas motha a bhith aca ann a bhith a' leasachadh na sgoile. Bhruidhinn sinn ris an luchd-obrach mun dòigh anns am faodadh iad seo a thoirt air adhart. Gus cuideachadh ann a bhith a' faighinn leasachaidhean leantainneach tha sinn air iarraidh air an luchd-obrach am modhan-obrach a leasachadh a thaobh luachadh agus sgrùdadh obair na sgoile. A thaobh Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig, bu chòir don luchd-obrach thar nan ìrean air fad sgrùdadh a dhèanamh air an dòigh-obrach, a' cleachdadh ghoireasan leithid *Comhairle mu Foghlam Gàidhlig*. Thar na sgoile, feumaidh an luchd-obrach modhan-obrach nas cunbhalaich a stèidheachadh ann a bhith a' tracadh adhartas na cloinne a thaobh ionnsachadh agus coileanadh. Tha seo gu sònraichte cudromach an uair a bhithear a' toirt a-steach leasachaidhean agus iomairtean ùra. Feumaidh dealbh nas soilleir a bhith aig an sgoil air a' bhuidhe a bhios aig a leithid sin de leasachaidhean air adhartas agus coileanaidhean na cloinne. Chan eil na modhan-obrach a thathar a' cleachdadh aig an àm seo èifeachdach fhathast.

Dè thachras a-nis?

Tha an sgoil air cuid de leasachaidhean iomraiteach a dhèanamh on chaidh an sgrùdadh mu dheireadh a dhèanamh. Tha fhathast grunnan thaobhan de phrìomh raointean airson an leasachadh a chaidh an aontachadh aig àm an sgrùdaidh ann an 2014 a tha feumach air tuilleadh leasachaidh. Mar sin chan eil sinn fhathast riarachaidh le càileachd an t-solair. Mar thoradh air sin, obraichidh ar Prìomh Oifigear Roinneil le Comhairle Earra-Ghàidheal agus Bhòid gus comas airson leasachadh a thogail, agus cumaidh an t-oifigear sùil air an adhartas. Tillidh sinn gus sgrùdadh eile a dhèanamh taobh a-staigh bliadhna on àm a thèid an litir seo fhoillseachadh. Cuiridh sinn an uair sin litir eile chun nam pàrantan gus mìneachadh na h-ìre gu bheil an sgoil air a thighinn air adhart.

Jackie Maley
Neach-sgrùdaidh na Banrigh

Ma tha sibh airson na litreach seo fhaighinn ann an cruth eadar-dhealaichte, mar eisimpleir, eadar-theangachadh dhi, cuiribh fios chun sgioba rianachd air an àireamh fòn gu h-àrd.

Ma tha sibh airson fiosrachadh a thoirt dhuinn no gearan a thogail mun obair againn, fònaibh thugainn air 0141 282 5000, no cuiribh post-dealain gu: complaints@educationscotland.gsi.gov.uk. no sgrìobhaibh thugainn chun t-seòladh a leanas: Manaidsear Ghearain, Taigh Denholm, Pàirc Ghnìomhachais Almondvale, Slighe Almondvale, Baile Lèibhinn EH54 6GA.